

**Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 14mh dhen Mhàrt 2021**  
**Ùrnaigh aig 7f.**

Is iomadh rud a ghiùlain sinn thairis air a' bhliadhna seo chaidh. Tha gach aon againn, agus gach coimhearsnachd, air rudan a ghiùlain ris nach robh gin againn idir an dùil aig tàiseach na bliadhna an-uiridh. Gun teagamh, aig amannan, bha eallach oirnn cha mhòr ro throm ri ghiùlain.

Am broinn na bliadhna, ged-tà, tha cuimhneachan geallaidean Dhè, geallaidean a ghràidh a tha cho daingeann anns gach càs. Tha an Salmadair gar earalachadh gus moladh a sheinn dhan Tighearna:

*O thugaibh moladh mòr do Dhia,  
is buidheachas faraon,  
Oir tha e math, 's mairidh gu bràth  
a thròcair ghràsmhor chaoin.*  
(Salm 107: 1)

Fhad 's a chuimhneachas sinn na thachair anns a' bhliadhna seo chaidh, bidh sinn a' togail fianais dhan t-saoghal gu bheil gràdh Dhè gar cuairteachadh agus gar lìonadh anns gach teanntachd agus cruaidh-càs. Tha an fhìrinn seo air a cur an cèill ann am fèin-ìobairt Dhè ann an ìosa Crìosd: *Oir is ann seo a ghràdhaich Dia an saoghal: gun tug e aonghin Mhic fhèin.* (Eòin 3: 16)

A dh'aindeoin gach rud a ghiùlain sinn agus a ghiùlaineas sinn fhathast, "mairidh gu bràth a thròcair ghràsmhor chaoin" anns an Dia a dh'fhoillsich a ghràdh ann an ìosa Crìosd.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè, tha do ghràdh buan,  
agus tha e air fhoilleasachadh dhuinn ann an ìosa Crìosd.  
Cluinneamaid faclan an t-Salmadair  
a bhrosnaicheas sinn gus cuimhneachadh  
gum mair gu bràth do thròcair ghràsmhor chaoin.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràdh buan  
agus tha e air fhoilleasachadh dhuinn ann an ìosa Crìosd.  
Bi maille rinn anns gach teanntachd agus cruaidh-càs.  
Deònaich gum faigh sinn eòlas air do ghràdh,  
ann an làithean solasach agus ann an làithean dubhach.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràdh buan,  
agus tha e air fhoilleasachadh dhuinn ann an ìosa Crìosd.  
Bi maille riuthasan uile  
air a bheil eallachan ro throm ri giùlain,  
lìon iad le do neart agus do ghràdh a mhaireas gu bràth.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràdh buan,  
agus tha e air fhoilleasachadh dhuinn ann an ìosa Crìosd.  
Mar a tha màthair a' toirt comhfhurtachd do leanabh  
thoir chomfhurtachd dhan a h-uile neach a ghairmeas ort.  
Èist rinn, agus sinn a' toirt taing dhut airson gach aon a dh'àraich sinn sa bheatha seo.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràdh buan,  
agus tha e air fhoilleasachadh dhuinn ann an ìosa Crìosd.  
Deònaich dhuinn sealladh air coimhairsnachd do shluagh  
a bhios daingeann agus seasmhach,  
beò nad sholas.  
Èist rinn agus sinn ag ùrnaigh: *thigeadh do Rìoghachd*.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràdh buan,  
agus tha e air fhoilleasachadh dhuinn ann an ìosa Crìosd.  
Treòraich dhuinn gus am bi sinn beò  
ann an tiodhlac na beatha a thug thu dhuinn nad Mhac.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais

Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Dòmhnaill G. Dòmhnaillach, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn,

Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air

Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba

(MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)